

# X229/701

---

TEISTEANAIS DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS  
NÀISEANTA 1.00 PM – 4.00 PM  
2010

## GÀIDHLIG AN ÀRD ÌRE ADHARTACH

Roinn (i): Sgrìobhadh

Roinn (ii): Sgrùdadh

Roinn (iii): Litreachas

Roinn (iv): Eadar-theangachadh

### **Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

Tha ceithir roinnean anns a' Phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinnean a fhreagairt. Feumaidh tu leabhraan freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhraing gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



**[DUILLEAG FHALAMH]**

**Roinn (i): Sgrìobhadh**

**Ùine: 55 mionaid  
(moladh)**

*Comharraidhean*

**Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.**

1. An Còmhradh. (50)
2. Tha còir aig sgoiltean barrachd eachdraidh sgìreil a theagasg. (50)
3. Carthannas. (50)
4. Cumhachd ath-nuadhachail. (50)
5. Gaol. (50)
6. Seirbheis na Slàinte ann am Breatainn. (50)
7. Foghlam. (50)
8. Duine **no** tè nach tèid às mo chuimhne. (50)

**[Tionndaidh an duilleag**

## Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd

## Earrann 1—Rosg

## Leugh an earrann seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.

Thuir cuideigin rium Didòmhnaich gun robh aig an nighean aige – “mar pheanas” – ri mo chuid leabhraichean a leughadh mar phàirt dhen chùrsa Gàidhlig aice anns an oilthigh.

5 Cha b’ urrainn dhomh ach gun aontachadh ris, oir saoilidh mi nach urrainn breitheanas nas miosa tachairt do sgrìobhaiche na gun tèid a leabhraichean a chur air clàr-leughaidh oifigeil, mar a tha air tachairt dhòmhsa, le mo nobhailean Gàidhlig anis mar phàirt de na Cùrsaichean Ceilteach ann an cuid de dh’oilthighean na h-Alba.

10 Cha bhuin litreachas dha na h-oilthighean neo dha na colaistean ach dhan t-sluagh, agus mura bheil daoine a’ taghadh gu saor-thoileach na leabhraichean sin a cheannach ’s a leughadh, ’s dòcha gu bheil e cheart cho math dhaibh am fàgail air na sgeilpichean a’ togail duslach, oir chan eil sian nas sgreamhaile na oileanach a’ leughadh leabhar mar ‘An Oidhche mus do Sheòl Sinn’ an aghaidh a thoil, dìreach chionn ’s gu bheil e clàraichte air Canon-Litreachais-Na-Gàidhlig.

15 Dìreach smaoinich air na ginealaichean a chaidh an sgreamhachadh bho litreachas iongantach an t-saoghail mhòir air sgàth ’s gun deach leabhraichean a sparradh orra: na milleanan nach fuiling na mìorbhailean brèagha aig Dickens no Elliot no Shakespeare no Milton no eile a leughadh a-nis o chionn ’s gun robh aca ri treabhadh tromhpa airson Ceum air choreigin.

20 Tha fhios agam glè mhath gu bheil taobh eile air a’ chùis agus mura toireadh tu air cuid de dh’oileanaich leabhraichean a leughadh, nach leughadh iad fear idir agus bhiodh an rìoghachd na b’ aineolaiche buileach na tha i, doirbh ’s gu bheil e a chreidsinn gum b’ urrainn dhuinn a bhith dad nas aineolaiche.

25 Ach dhomh fhèin dheth, ’s dòcha gum b’ fhèarr leam an t-aineolas fhèin seach an ain-thoil. Chan eil oileanach no oilthigh no colaiste no rannsachadh no sgrùdadh sam bith a’ dol a chur aon lide ri mo litreachas-sa. Tha litreachas airson soilleireachadh is tlachd ’s chan ann airson mìneachadh is sgrùdadh ’s cha chuir mìle aiste sian ris an sin.

*Stèidhte air artaigil a sgrìobh A. P. Caimbeul anns an WHFP anns a’ Chèitein, 2008*

CEISTEAN

1. Dè tha annasach mu bheachd an sgrìobhadair air an rud a thuir cuideigin ris mu na leabhraichean aige? 4
  2. Dè cho làidir agus a tha beachd an sgrìobhadair mun chuspair. Cuir taic ri do fhreagairt le bhith mìneachadh facal no facail iomchaidh às an earrainn. 2
  3. Innis carson a tha an sgrìobhadair a' cur cudrom air a bhith a' taghadh, a' ceannach agus a' leughadh leabhraichean gu saor-thoileach. 2
  4. (a) Beachdaich air mar a tha na faclan ann an clò **dorcha** a' dol còmhla: "na milleanan **nach fuiling** na **mìorbhailean brèagha**" 3  
agus
  - (b) De tha am facal "treabhadh" a' samhlachadh an seo: "chionn 's gun robh aca ri **treabhadh** tromhpa". 2
  5. Dè tha sealltainn nach eil an sgrìobhadair toilichte leis an dòigh a th' aig oilthighean agus an leithid air litreachas a thoirt gu aire dhaoine? 2
- (15)

[Tionndaidh an duilleag

## Roinn (ii)—Sgrùdadh

### Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

#### Earrann 2— Bàrdachd

**Leugh a' bhàrdachd seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.**

Chunnaic mis' thu Didòmhnaich,  
A thaigh nan òran 's nan rann,  
Bha thu fuar dhomh gun chòmhradh  
Mar do sheòrsa gach àm,  
Ach ruith mo smaointean air sgiathan  
Gu iomadh bliadh' eil' a bh' ann,  
Nuair a chruinnicheadh gud sheòmair  
Gach aon bha còmhnaidh sa ghleann.

Gu robh snigh' air mo ghruaidhean  
Nuair sheall mi suas ort an-dè:  
Balla balbh 's e cho fuar dhomh,  
Bha 'n t-anam sguabt' às a chèis:  
Fear an taigh' ann an t-Hàllan\*  
'S tus' air d' fhàgail gun fheum;  
Saoil an cuala mi ràn bhuat  
A' caoidh a' bhàird agad fhèin?

\* 'S e Hállan cladh ann an Uibhist.

**CEISTEAN**

1. Dè fiosrachadh a tha ri fhaighinn mun taigh anns a' chiad ceithir sreathan? 2
  2. Innis dè an t-atharrachadh a tha air a thighinn air an taigh. 2
  3. Dè tha a' sealltainn gun do chuir sealladh an taighe am bàrd troimhe-chèile? 2
  4. Minich na h-ìomhaighean anns an loidhne a leanas:  
“**bha ’n t-anam sguabt’ às a chèis**”. 3
  5. Beachdaich air cruth, fuaim agus brìgh an abairt, “**balla balbh**” (loidhne 11). 3
  6. Seall mar a tha am bàrd air buadhan pearsanta a thoirt dhan taigh agus beachdaich air carson a rinn e seo. 3
- (15)**

**[Tionndaidh an duilleag**

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

**1. Sgeulachd-ghoirid**

Tagh dà sgeulachd-ghoirid aig an robh buaidh shònraichte ort. Le bhith beachdachadh orra gu mionaideach, seall mar a chaidh aig na sgrìobhadairean air a leithid de bhuaidh a thoirt ort. (50)

**2. Sgeulachd-ghoirid**

Tha sgeulachd-ghoirid a' toirt sealladh dhan leughadair air beatha a' phrìomh caractair aig àm sònraichte agus tha an sgrìobhadair airson gun ionnsaich an leughadair rudeigin às an seo. Beachdaich air dà sgeulachd-ghoirid a thug an cothrom seo dhut. (50)

**3. Bàrdachd**

Ainmich dà phìos bàrdachd anns a bheil beachdan/faireachdainnean làidir, cumhachdach a' nochdadh. Beachdaich orra gu mionaideach agus seall dè na h-innleachdan a chleachd am bàrd (na bàird) gus na beachdan/faireachdainnean seo a dhèanamh soilleir. (50)

**4. Bàrdachd**

Cha leig bàrdachd Ghàidhlig a leas a bhith ceangailte ri saoghal na Gàidhlig a thaobh cuspair. Tagh dà phìos bàrdachd a tha stèidhte air gnothaichean a tha/bha a' tachairt san t-saoghal mhòr agus le bhith beachdachadh orra gu mionaideach seall mar a thug na bàird na cuspairean seo gu luchd-leughaidh na Gàidhlig. (50)

**5. Nobhail**

Dè, nad bheachd-sa, tha dèanamh nobhail soirbheachail? Beachdaich gu mionaideach air nobhail a tha thu a' meas soirbheachail agus seall dè dh'fhàg cho soirbheachail i. (50)

**6. Eachdraidh-beatha**

“Chan eil mòran leabhraichean eachdraidh-beatha againn ann an Gàidhlig ach tha am beagan a th' ann cumhachdach.” Le bhith a' beachdachadh air na leabhraichean eachdraidh-beatha a leugh thu, seall a bheil no nach eil thu ag aontachadh ris a' bheachd seo. (50)



**Eadar-theangaich an earrainn a leanas.**

It is surprising how many changes have taken place in Shetland since the end of the Second World War. The 1950s saw the provision of electricity and piped water to rural areas, thus paving the way for great improvements in the standard of housing. All over the islands smart new houses sprang up, while many old croft houses were modernised. One gets the impression, however, that the greatest changes were the result of the oil industry.

(20)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

## ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn (ii) Earann 1 Rosg—Article by Angus Peter Campbell is adapted from *West Highland Free Press, May 2008*. Reproduced by kind permission of West Highland Free Press.

Roinn (ii) Earann 2 Bardachd—Poem is taken Pages 260-262 from *Chi Mi* by Donald John MacDonald ISBN 1 8744744 85 8. Published by Birlinn Ltd. Reproduced by kind permission of Birlinn Ltd.

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**